

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 68 (which corresponds to Litir 372). Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk.

Tha leabhar math agam an-dràsta. Chan ann leamsa a tha e, gu mì-fhortanach. Tha e le caraid dhomh. Tha e agam air iasad. Bidh mo charaid ga iarraidh air ais. Tha an leabhar gu math sean. Tha e gu math luachmhor, tha mi a' smaoinichadh.

'S e an tìotal a th' air *Gràmar Dùbailt: Beurla is Gàidhlig*. No ann am Beurla: *A Double Grammar of English and Gaelic*. 'S e Iain Foirbeis, John Forbes, a sgrìobh e. Bha Foirbeis na mhaighstir-sgoile ann an Cille Chuimein. Chaidh an leabhar fhoillseachadh ann an ochd ceud deug, ceathrad 's a trì (1843) ann an Dùn Èideann. Chosg e ceithir tastain.

An toigh leibh leabhraichean gràmair? 'S dòcha nach toigh l'. Ach 's toigh leams' iad. Tha gràmar inntinneach dhomh. Ann an gràmar chì thu beagan de dh'eachdraidh a' chànain.

Do dhaoine nach eil measail air gràmar, bidh mi ag ràdh seo riutha. Is toigh leam coilltean. Is toigh leam a bhith a' coiseachd ann an coilltean. Chì mi bòidhchead na coille. Ach 's toigh leam cuideachd na lusan anns a' choille. Chì mi bòidhchead anns gach lus. Chì mi bòidhchead anns an dòigh anns a bheil na lusan suidhichte còmhla.

Agus na beathaichean. Bidh nead sheangan an-còmhnaidh fo chraobh ghiuthais ann an àite tioram. Cha bhi e anns a' mhonadh fhosgailte no ann am boglach. Tha sin mar riaghailt gràmair, nach eil? Agus chan eil an t-eòlas sin a' toirt bòidhchead air falbh bhon choille, a bheil?

Tha cànan mar sin cuideachd. Chì sinn bòidhchead ann an cànan. Chì sinn bòidhchead ann am bàrdachd is rosg. Tha bòidhchead anns an fhuaimneachadh is ann an ruitheam nam faclan. Ach chì sinn cuideachd bòidhchead anns an dòigh anns a bheil na faclan a' dol còmhla.

Is toigh leam an liosta de chlisgearan aig Foirbeis. 'S e *clisgear* a' Ghàidhlig air *interjection*. Clisgear. Seo eisimpleirean: slàn leat! airson *adieu!* Slàn leat. Mo thruaighe! airson *alack!* Mo thruaighe. Ist! no tosd! airson *hush!* Ist! no tosd! Ochòin! airson *alas!* Ochòin! Och nan ochan airson *woe of woes!* Och nan ochan! Agus mo chreach! airson *my ruin, alas!* Mo chreach!

A-nise, tha mi duilich, ach feumaidh mi falbh. Ochòin! Slàn leibh!

* * * * *

Faclan is abairtean: chan ann leamsa a tha e: *it's not mine*; gu mì-fhortanach: *unfortunately*; tha e le caraid dhomh: *it belongs to a friend of mine*; air iasad: *on loan*; luachmhor: *valuable*; Cille Chuimein: *Fort Augustus*; chaidh an leabhar fhoillseachadh: *the book was published*; ceithir tastain: *four shillings*; 's dòcha nach toigh l': *perhaps you don't [like]*; chì thu beagan de dh'eachdraidh a' chàinain: *a little bit of the language's history*; nach eil measail air: *who don't particularly like*; bidh mi ag ràdh seo riutha: *I say this to them*; chì mi bòidhchead na coille: *I [can] see the forest's beauty [chì is actually the future tense of the verb faic, to see, meaning "will see" but it also stands for "can see"]*; na lusan: *the plants*; an dòigh anns a bheil na lusan suidhichte còmhla: *the manner in which the plants are arranged together*; bidh nead sheangan an-còmhnaidh fo chraobh ghiuthais: *an ant's nest is always [to be found] under a Scots pine tree*; ann an àite tioram: *in a dry place*; anns a' mhonadh fhosgailte: *on the open hill*; boglach: *bog*; riaghailt gràmair: *grammatical rule*; chan eil an t-eòlas sin a' toirt bòidhchead air falbh: *that knowledge doesn't take beauty away*; ann am bàrdachd is rosg: *in poetry and prose*; anns an fhuaimneachadh is ann an ruitheam nam faclan: *in the sounding and the rhythm of the words*; tha mi duilich, ach feumaidh mi falbh: *I'm sorry, but I must go*; slàn leibh!: *cheerio!*

ends